

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 58 (which corresponds to Litir 362). Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

Tha mo shùil air a' Bhìoball. Tha mi a' leughadh pìos de Leabhar Mhata. Tha sin anns an Tiomnadh Nuadh. Tha luchd-togail na cìse ann an Capernaum ag iarraidh air Peadar airgead a thoirt dhaibh. Tha Peadar a' dol a-steach don taigh. Tha Ìosa a' bruidhinn ris. Tha Ìosa ag iarraidh air Peadar dhol sìos don chladach.

“Tog a' chiad iasg a thig a-nìos,” tha Ìosa ag ràdh. “Fosgail a bheul agus gheibh thu bonn airgid ann.” Tha Ìosa ag iarraidh air Peadar am bonn a thoirt do luchd-togail na cìse.

An aithne dhut an t-iasg ris an canar *adag*? *Haddock* ann am Beurla. *Adag*. Bha na seann daoine ag ràdh gur e *iasg Pheadair* a bh' ann. *Iasg Pheadair*. *Carson*? Am bi iasgairean a' lorg airgead ann am beòil adagan?!

Cha bhi. Ach tha dà bhall dhubh air an adaig. Tha fear air gach taobh dhen iasg. A rèir beul-aithris, dh'fhàg Peadar an dà bhall dhubh air an adaig. Rinn e na buill leis na corragan aige. Rinn e iad nuair a thog e an t-iasg airson an t-airgead a thoirt a-mach às a' bheul aige.

Chuala mi an stòiridh sin aig seann bhoireannach nuair a bha mi òg. Bha i a' fuireach air a' Chomraich. Faisg air a' Chomraich, bha àite ann aig muir a bha math math airson iasgach. 'S e *Clach na h-Adaig* an t-ainm a bh' air. Bha mi a' glacadh adaig ann. Ach bha mi cuideachd a' glacadh seòrsa eile – a' chaoiteag. *Whiting* ann am Beurla. A' chaoiteag.

Tha an dà iasg sin car coltach ri chèile. Ach tha gob nas fhaide air a' chaoiteig. Agus tha dà bhall dhubh air an adaig. “*Ball dubh air an adaig, gob fad' air a' chaoiteig*,” bha na seann daoine ag ràdh. *Ball dubh air an adaig, gob fad' air a' chaoiteig*.

Air Latha na Nollaige, anns an t-seann aimsir, bha na fir òga ann an Uibhist a' dol a-mach ann am bàtaichean. Bha iad a' cur dubhan sìos, mar a rinn Peadar anns a' Bhìoball. Bha iad a' toirt an èisg gu daoine bochda. 'S e an t-ainm a bh' air sin *Dèirce Pheadair*. Peter's Charity. *Dèirce Pheadair*.

* * * * *

Faclan is abairtean: Leabhar Mhata: *The Book of Matthew*; An Tiomnadh Nuadh: *the New Testament*; luchd-togail na cìse: *the tax collectors*; ag iarraidh air Peadar airgead a thoirt dhaibh: *want Peter to give them money*; tog a' chiad iasg a thig a-nìos: *lift up the first fish that comes up (from below)*; fosgail a bheul agus

gheibh thu bonn airgid ann: *open its mouth and you'll get a coin there*; an aithne dhut an t-iasg ris an canar?: *do you know the fish called?*; am bi iasgairean a' lorg airgead ann am beòil adagan?: *do fishermen find money in the mouths of haddock?*; tha dà bhall dhubh air an adaig: *there are two black spots on the haddock*; corragan: *fingers*; chuala mi an stòiridh sin aig seann bhoireannach: *I heard that story at [from] an old woman*; faisg air a' Chomraich: *close to Applecross*; bha àite ann aig muir: *there was a place at sea*; math math airson iasgach: *excellent for fishing*; ball dubh air an adaig, gob fad' air a' chaoiteig: *black spot on the haddock, a long snout on the whiting*; Latha na Nollaige: *Christmas Day*; anns an t-seann aimsir: *in the old times*; fir òga ann an Uibhist: *young men in Uist*; dubhan: *hook*; bha iad a' toirt an èisg gu daoine bochda: *they were giving the fish to poor people*; Dèirce Pheadair: *Peter's Charity*.

ends